



# AN T-ÀM RI TEACHD AGAMSA!

FÀILTE DHAN CHIAD BLIADHNA  
TÒISICHIDH DEAGH DHREUCHDAN  
AN SEO...



Skills  
Development  
Scotland

 My  
World of  
Work

CÒ SINNE...



**AN T-SEIRBHEIS  
DHREUCHDAN  
AGAD**



**AN LÀRACH-LÌN  
DHREUCHDAN  
AGAD**

# HALÒ IS FÀILTE GU ÀRD-SGOIL



**Clasaichean ùra, tidsearan ùra, caraidean ùra, a' faighinn do rathad timcheall ... Tha fios againn gu bheil tòrr na lùib. Mar sin, bidh sinn a' gabhail dìreach beagan de d' ùine gus bruidhinn riut air dreuchdan.**

Is sinne Leasachadh Sgilean na h-Alba agus is sinne Seirbheis Dhreuchdan na h-Alba.

Thathar ag ràdh SDS rinn cuideachd – oir, a dh'innse na firinn, chan eil 'Skills Development Scotland' furasta air an teanga!

Tha fios againn gu bheil thu dìreach an dèidh àrd-sgoil a ruigsinn, ach 's e pàirt de sgoilearachd a bhith a' faighinn deiseil airson na thachras dhut an dèidh dhut an sgoil fhàgail.

Is sinne na daoine a bhios gad chuideachadh obrachadh a-mach dè tha thu ag iarraidh a dhèanamh an dèidh dhut an sgoil fhàgail.

Tha an leabhran seo a' toirt dhut beagan seòladh gus do chuideachadh tòiseachadh air a bhith a' smaointinn air an àm ri teachd agad.

San iris seo:

- thoir sùil air obraichean is gnìomhachasan an ama ri teachd
- fàs nas eòlaiche air na sgilean a dh'fheumas tu airson deagh dhreuchd
- faigh a-mach cò an fheadhainn iomraiteach aig a bheil an t-aon seòrsa phearsantachd 's a tha agadsa
- faigh fiosrachadh mun chomhairliche dhreuchdan SDS agad agus mar a chuidicheas iad thu aig an sgoil.

Clasaichean ùra?

Caraidean ùra?

Clasaichean ùra?

A' faighinn mo rathad timcheall?





Is dòcha gu bheil thu a' smaointinn gu bheil dreuchd sam bith fada air falbh. Ach fhad 's a tha thu san sgoil, bidh cothrom agad na sgilean ionnsachaidh a dh'fheumas tu gus an dreuchd agad a dhèanamh gu soirbheachail.

Tha sinn ag ràdh riutha:

# SGILEAN STIÙIREADH DHREUCHDAN



'S e an comhairliche dhreuchdan SDS agad aon dhiubhsan a bhios gad chuideachadh gus na sgilean seo a leasachadh.

Ach bidh cuid de na sgilean seo agad mar-thà dìreach a chionn 's gu bheil thu mar a tha thu annad fhèin!

Ma dh'fhaodte gu bheil sin toinnte a rèir coltais, ach gu dearbh tha e gu math sìmplidh. Bidh **Sgilean Stiùireadh Dhreuchdan** a' tighinn fo cheithir cinn eadar-dhealaichte:



## CÒ TH' ANNAM? MI FHÌN

Tha seo mu dheidhinn a' faighinn eòlach air cò thu, dè is urrainn dhut a dhèanamh, dè an nì ceart dhutsa.

## DÈ THA MI MATH AIR? NEARTAN

Tha seo mu dheidhinn eòlas agus tuigse fhaighinn air dè an stuth a tha thu math air. Tha e mu dheidhinn do sgilean agus mar a ghabhas an cleachdadh ann an diofar dhòighean.

## DÈ THA A-MUIGH AN SIUD DHÒMHSA? NA THA AIR FÀIRE

Tha seo mu dheidhinn eòlas fhaighinn air dè tha a-muigh an siud ann an saoghal na h-obrach. Tha e mu dheidhinn tuigse fhaighinn air dè seòrsa obraichean a th' ann agus ciamar as urrainn dhut deisealachadh air an son.

## CÒ A DH'FHAODAS MO CHUIDEACHADH? LÌONRAIDHEAN

Tha seo mu dheidhinn nan daoine a tha timcheall ort agus mar a dh'fhaodas iadsan do chuideachadh gus faighinn air adhart leis an dreuchd agad. Tha e cuideachd mu dheidhinn mar a dh'fhàsas tu eòlach air daoine a dh'fhaodadh do chuideachadh agus mar a chumas tu ann an co-luadar riutha.



# 'S ANN MUD DHEIDHINN A THA E!

## Nam b' urrainn dhut dealbh a thoirt ort fhèin ann an trì faclan, dè chanadh tu?

Ma dh'fhaodte gur e ceist neònach a th' ann an sin, ach tha e cudromach a bhith a' tuigsinn barrachd mud dheidhinn fhèin.

Gu dearbh, 's e sin aon de na ciad cheuman a chùim tighinn gu co-dhùnadh air dè an dreuchd a dh'fhaodadh a bhith agad san àm ri thighinn.

Gu fortanach, tha dòigh fhurasta againn gus do chuideachadh an dearbh rud a dhèanamh.

## FEUCH E:

1. \_\_\_\_\_
2. \_\_\_\_\_
3. \_\_\_\_\_

## AN ROBH FIOS AGAD?

Chan eil ann ach sia seòrsachan de dhaoine san t-saoghail!

Uill, sin a rèir fear ris an do chanadh John L Holland. Bha esan na urra mhòr ann an saidhceòlas, a bhios a' rannsachadh mar a tha an inntinn ag obair. Bha e airson faighinn a-mach carson a bhios sinn a' dèanamh mar a bhios sinn a' dèanamh.

Shaoil e gum faodadh seo ar cuideachadh gus obraichean a thaghadh a bhiodh a' còrdadh rinn gu mòr agus a bhiodh gar dèanamh nas sona. An dèidh dha tòrr dhaoine a sgrùdadh, mhol e an teòiridh gu bheil sia seòrsachan pearsantachd ann.



'S iad na sia seòrsachan pearsantachd:



## CEANNARDAN

Daoine a tha misneachail is dàna agus dèidheil a bhith air ceann ghnòthaichean.



## EAGRAICHEAN

Daoine a tha a' cumail a h-uile nì fo smachd agus pongail.



## PRAGTAIGEACH

Daoine a tha dèidheil air nithean a chàradh, a chruthachadh no a thogail.



## SGRÙDAIL

Daoine a tha daonnan eòlach air na ceistean cearta a bu chòir a chur.



## CRUTHACHAIL

Daoine aig a bheil mac-meanmna mòr agus a tha math air am beachdan a chur an cèill.



## NEACH 'CÒMHDHALACH'

Daoine a tha càirdeil, math air conaltradh is air obair le daoine eile.



**Tha a h-uile duine na mheasgachadh dhiubh seo** – mar eisimpleir, dh'fhaodte gur e ceannard practaigeach, eagraigte a th' annad, no gur e neach cruthachail, sgrùdail, còmhhdhalach a th' annad. Faigh a-mach dè seòrsa neach a th' annad!

### TADHAIL AIR: MYWORLDOfWork/S1

Clàraich air an làrach-lìn, agus an uair sin feuch an t-uidheam **Mu Mo Dheidhinn** (About Me). Innsidh e dhut na trì seòrsachan pearsantachd a tha a' co-fhreagairt riut as dlùithe. Bidh na trì faclan sin gad chuideachadh gus tuigse fhaighinn agus mineachadh a thoirt seachad air cò th' annad.

# DÈ AN DUINE IOMRAITEACH?

FAIGH A-MACH CÒ AIG A BHEIL AN AON SEÒRSA PEARSANTACHD RIUT...

## MAR A CHLUICHEAS TU!

1. Obraich ann an dithisean.
2. Tagh aon den luchd iomraiteach gu h-ìosal.
3. Thoir cunntas air an neach iomraiteach agus air a' phearsantachd aca gun ghuth a ràdh air dè an t-ainm a th' orra no dè seòrsa pearsantachd a th' aca.
4. Iarr air do chompanach tuairmse a thoirt air dè seòrsa pearsantachd agus cò an neach iomraiteach air a bheil thu a' toirt cunntas.
5. Feuch air aon den luchd iomraiteach as fheàrr agad, nach eil air an duilleig seo, a thaghadh agus co-dhùin dè seòrsa pearsantachd 's a bhiodh aca. An uair sin, iarr air do chompanach tuairmse a dhèanamh air cò th' ann.



**GRETA THUNBERG**  
CEANNARDAN

Tha Greta Thunberg na deugaire Suaineach agus na neach-iomairt. Tha i air obair-ghnìomha a sparradh air ceannardan an t-saoghail barrachd a dhèanamh gus an àrainneachd a dhion, agus tha i air mòran dhaoine a bhrosnachadh bho air feadh an t-saoghail gus pàirt a ghabhail ann a bhith a' togail fianais.

**Bidh iadsan a tha nan seòrsachan ceannaird a' mealadh obair a tha ceangailte ri labhairt phoblach, stiùireadh no reic ... no a' tòiseachadh gnòthachas dhaibh fhèin.**



**NICOLA ADAMS**  
EAGRAICHEAN

'S e bogsair proifeiseanta a th' ann an Nicola Adams, agus 's i a bhuannaich am bonn òr Oilimpigeach ann an 2012 agus ann an 2016 aig ìre cuideam-cuileige nam ban. Bidh sàr lùth-chleasaichean leithid Nicola a' cleachdadh an sgilean eagrachaidh gus cumail ri rèisim-trèanaidh teann.

**Bidh Nicola a' cleachdadh a sgilean eagrachaidh san rèisim-trèanaidh aice. Tha na dreuchdan a bhios a' còrdadh ri eagraichean a' gabhail a-steach ag obair le dàta, a' planadh agus a' clàradh.**



**BEAR GRYLLS**  
PRAGTAIGEACH

Tha Bear Grylls ainmeil airson a chuid eòlais air cumail beò agus a' gabhail os làimh cuairtean dàna sna prògraman telebhisein aige. Bidh e a' cleachdadh a sgilean practaigeach aige gus cumail beò san fhàsach agus dèiligeadh ri suidheachaidhean ris nach robh e an dùil.

**Is toigh le daoine practaigeach a bhith ag obair le an làmhnan agus mar sin dh'fhaodte gum bi obraichean far a bheil thu ag obair le uidheaman, innealan, ainmhidhean no lusan a' freagairt riut as fheàrr.**



**STACEY DOOLEY**  
SGRÙDAIL

Tha Stacey Dooley na preasantair telebhisein, na neach-naidheachd, na filmeadair phrògraman aithriseach agus na sgrìobhadair. Bidh Stacey a' cleachdadh a sgilean rannsachail gus stòiridhean a lorg agus cùisean a rannsachadh airson nam prògraman aithriseach is artigilean naidheachd aice.

**Tha daoine rannsachail dualtach a bhith a' mealadh obraichean far a bheil iad an sàs ann an smaoineachadh, ramnsachadh no fiosrachadh is figearan.**



**CALVIS HARRIS**  
CRUTHACHAIL

Tha Calvin Harris na DJ, na riochdaire chlàran, na sheinneadair agus na sgrìobhaiche òrain. Bidh Calvin a' cleachdadh a sgilean cruthachail gus ceòl ùr a chruthachadh agus a chluich air beulaibh mòran luchd-èisteachd air feadh an t-saoghail.

**Is toigh le seòrsachan cruthachail a bhith a' dèanamh ghnòthaichean san dòigh a thagh iad fhèin, agus bidh iad a' mealadh obraichean far a bheil dealbhachadh, ealain, sgrìobhadh, ceòl, film no cluiche nan lùib.**



**DEC NEACH**  
'CÒMHDHALACH'

Tha Declan Donnelly na phreasantair telebhisein agus tha e ainmeil mar phàirt den dithis Ant is Dec ann am prògraman telebhisein leithid Britain's Got Talent agus I'm a Celebrity...Get Me Out of Here.

**Tha daoine còmhhdhalach (dèidheil air bruidhinn ri daoine eile) dualtach a bhith a' mealadh obraichean far a bheil iad an sàs ann a bhith a' teagasg, a' comhairleachadh agus a' cuideachadh dhaoine eile.**

Facal a dhà



# TEICNEÒLAS DIDSEATACH

# ÀM RI TEACHD MÒR




## THA THU BEÒ ANN AN SAOGHAL DIDSEATACH!

Tha feum air sgilean teicneòlais dhidseataich anns cha mhòr a h-uile obair dham faod thu a dhol a-steach, agus bidh mìltean de fhastaichean ann an Alba a' crochadh air na sgilean seo gus na gnòthachasan aca a ruith.

Ma dh'fhaodte nach bi thu eòlach air, ach tha Alba na ionad cudromach airson saidheans agus tha i a' toirt dachaigh do chuid de na prìomh chompanaidhean teicneòlais san t-saoghal.

Mar eisimpleir, tha Skyscanner na einnsean-rannsachaidh, a tha stèidhte ann an Dùn Èideann, a thathar a' cleachdadh le 50 millean duine air feadh an t-saoghail gach bliadhna.

## MA DH'FHAODTE GUR TUSA AN ATH: CÒDAIR, DEALBHAICHE, FEUCHADAIR



# CÙRAM-SLÀINTE, CÙRAM-CHLOINNE, CÙRAM SÒISEALTA

## A' GABHAIL CÙRAM AIR CÀCH A CHÈILE

'S e an NHS am fastaiche as motha ann an Alba, agus tuilleadh is 140,000 neach-obrach ag obair gus Alba a chuideachadh a bhith a' cumail fallain.

Agus tha mòran bhuidhnean eile ann a bhios a' cuideachadh gus cùram a ghabhail orrasan, agus taic a thoirt dhaibhsan, aig a bheil am feum as motha air.

## MA DH'FHAODTE GUR TUSA AN ATH: NEACH-CLEACHDAIDH THRÀTH-BHLIADHNAICHEAN, BEAN-GHLÙINE, PERFUSIONIST CLIONAIGEACH

# CUMHACHD AGUS AN ÀRAINNEACHD

## A' CRUTHACHADH CUMHACHD AIRSON AN AMA RI TEACHD AGAD

Tha barrachd is barrachd den chumhachd a tha sinn a' cleachdadh a' tighinn bho bhunan lùtha ath-nuadhachail leithid gaoth, tonn agus uisge.

Tha barrachd air an dàrna leth den chumhachd againn a-nis a' tighinn bho bhunan lùtha ath-nuadhachail, a' cruthachadh 11,000 obair mhiorbhaileach air feadh na h-Alba. 'S e **Tuath gaoithe Whitelee** air taobh a deas Ghlaschu an tuath gaoithe as motha air tìr san Rìoghachd Aonaichte. Le barrachd is 200 crann-gaoithe, cha mhòr nach eil e a cheart cho mòr ri Glaschu fhèin!

## MA DH'FHAODTE GUR TUSA AN ATH: EINNSEANAIR LÙTHA, EINNSEANAIR CATHARRA, NEACH-COMHAIRLE ÀRAINNEACHD

# SAIDHEANSAN BEATHA



## A' FUASGLADH CHEISTEAN AIRSON DHAOINE

Tha saidheans is teicneòlas an latha an-diugh gar cuideachadh gus ceistean fhuasgladh le bhith a' cruthachadh bathar à stuthan so-sheasmhach an àite à stuthan a bhios a' ruith a-mach oirn.

Mar eisimpleir, tha **Cellucomp**, companaidh Albannach a tha stèidhte ann am Fìobha, air dòigh a leasachadh leis am faod iad CURRAIN a thionndadh gu stuth anabarrach làidir. Tha an stuth seo gu bhith air a chleachdadh gus rud sam bith a chruthachadh, bho chlogaid-dìona gu càr.

## MA DH'FHAODTE GUR TUSA AN ATH: BITH-TEICNEÒLAICHE, EÒLAICHE-GINTINNEACHD, NEACH-SAIDHEANS BÌDH

'S e aon de na rudan as fheàrr mu dheidhinn an-diugh gu bheil obraichean ùra is cothroman ùra gan leasachadh fad an t-siubhail.

Mar eisimpleir, dìreach o chionn deich bliadhna, cha robh obraichean leithid neach-leasachaidh aplacaidean no manaidsear mheadhanan sòisealta ann idir.

Tha e cudromach a bhith a' faighinn a-mach dè na gnìomhachasan is obraichean a th' ann dhutsa a-muigh an siud.

Seo cuid de na h-obraichean air am bi feum, is docha, nuair a dh'fhàgas tusa an sgoil:



**i** IS URRAINN DHUINN DO CHUIDEACHADH GUS ÀM RI TEACHD CEART A LORG DHUT FHÈIN

**FAIGH A-MACH BARRACHD AIG: MYWORLDOfWork.CO.UK/S1**

Nuair a tha thu a' dol air chuairt à aon àite gu àite eile, tha tòrr diofar dhòighean airson siubhal ann. A bheil thu ag iarraidh a dhol ann an càr, air baidhsagal no a shiubhail le trèan?

'S ann agadsa a tha an roghainn.

'S e an t-aon rud leis an dreuchd agad.

# AN T-SLIGHE DREUCHD A THA CEART DHUT!

Preantasachd Bhun-ìre  
Oilthigh  
Colaiste  
Cosnadh

**Dh'fhaodte gur e an obair a bhios tu a' dèanamh aig a' cheann thall an aon obair 's a tha an caraid as fheàrr agad a' dèanamh, ach dh'fhaodte gum bi an dòigh sam bi sibh ga ruigsinn eadar-dhealaichte.**

Ann am preantasachd, mar eisimpleir, tha thu a' dèanamh obair ach tha thu a' faighinn ùine air falbh airson ionnsachadh.

Gheibh thu an cothrom a bhith ag obair le companaidh san dreuchd a thagh thu agus tha thu a' faighinn pàigheadh air a son, ach tha thu fhathast ag ionnsachadh agus a' faighinn teisteanasan.

Ma dh'fhaodte gur e ionnsachadh aig colaiste no oilthigh an nì ceart dhutsa. Tha sin a' ciallachadh gum bi thu a' dol gu òraidean, clasaichean agus tràthan-oideachaidh.

Airson cuid de dhreuchdan, leithid leigheas no lagh, 's e oideachadh san oilthigh an aon dòigh sam faighear na teisteanasan riatanach.

No ma dh'fhaodte gur e dol dìreach a-steach ann an obair an rud a thaghas tu.

Tha na comhairlichean dhreuchdan SDS ann gus do chuideachadh an t-slighe cheart fhaighinn dhutsa.

### Cuimhnich!

Faodaidh obair shaor-thoileach do chuideachadh cuideachd gus na sgilean a leasachadh a bhuannaicheas dhut an obair air a bheil thu a' bruidh. Carson nach tòisich thu fhad 's a tha thu fhathast san sgoil.

THA BARRACHD AIR

80

DIOFAR SHEÒRSA DE PHREANTASACHDAN ANN

TADHAIL AIR [APPRENTICESHIPS.SCOT](http://APPRENTICESHIPS.SCOT)  
AGUS CÙM SÙIL A-MACH AIRSON  
PREANTASACHDAN BUN-ÌRE.

# DÈ A-NIS MA-THÀ?



A rèir na tha a' tachairt san sgoil agad, bidh thu a' dèanamh roghainnean cuspair an dara cuid ann an ÀS2 no ann an ÀS3.

Is dòcha gum bi thu a' smaointinn gu bheil sin glè fhada air falbh, ach faodaidh an stuth a nì thu an-dràsta do chuideachadh leis na co-dhùnaidhean sin.



Clàraich air [myworldofwork.co.uk](http://myworldofwork.co.uk). Tha tòrr fiosrachadh air an làrach-lìn a bheir stiùireadh agus seòladh dhut air dè bu chòir dhut coimhead air fhad 's a tha thu a' gluasad tron sgoil.



Cleachd an t-uidheam **Mu Mo Dheidhinn** (About Me) agus tòisich air tuilleadh fhaighinn a-mach mu do phearsantachd agus na dreuchdan a dh'fhaodadh a bhith freagarrach riut.



Tòisich air rannsachadh a dhèanamh air na dreuchdan a thathar a' moladh dhut agus na cuspairean a dh'fheumadh tu airson nan dreuchdan as toigh leat.



Feuch an t-uidheam **Roghainnean Cuspair** (Subject Choices). Tha e furasta ri chleachdadh, agus bidh e a' sealltainn dhut dè bhiodh feumail airson diofar dhreuchdan.



Aig àm nan roghainnean cuspair, gheibh thu cothrom air coinneachadh ris a' **chomhairliche dhreuchdan** agad. Tionndaidh an duilleag gus barrachd fhaighinn a-mach mun deidhinn agus mar a dh'fhaodas iad do chuideachadh.

Facal a tri



# AN CÒMHAIRLICHE DHREUCHDAN AGAD



Bidh an comhairliche dhreuchdan SDS agad gad chuideachadh a bhith ag ullachadh airson na bhios tu a' dèanamh nuair a dh'fhàgas tu an sgoil.

Bidh na co-dhùnaidhean a nì thu fhad 's a tha thu san sgoil gad chuideachadh gus an obair air a bheil thu a' bruidh a' bhuannachd.

'S e SDS an t-seirbheis dhreuchdan agad agus bidh an comhairliche dhreuchdan SDS agad ann air ur son uile tron sgoil. Bidh iad ri làimh airson cabadaich air na roghainnean agad nuair a tha thu a' dèanamh do roghainnean cuspair.

Faodaidh tu coinneachadh riutha nad aonar, còmhla ri do mhàthair no d' athair no do chùramaiche, no còmhla ris an tidsear agad – no còmhla ris a h-uile duine aig an aon àm! Ma tha thu mì-chinnteach dè na cuspairean a thaghas tu, faodaidh iadsan do chuideachadh a dhèanamh a-mach.

Faodaidh tu dèanamh cinnteach cuideachd nach eil thu a' call a-mach air cuspair a bhiodh feumail. Tha feadhainn a' smaointinn gu bheil comhairlichean dhreuchdan ann gus innse dhut dè bu chòir dhut dèanamh an dèidh dhut an sgoil fhàgail. Chan eil sin fìor! Agus cha bhì iad ag ràdh 'chan eadh' no 'chan fhaod' nas motha.

Bidh iad gad chuideachadh gus smaointinn air dè an rud as fheàrr **dhut fhèin san àm ri teachd agad**. Agus bidh iad còmhla riut fad na slighe tron sgoil gus taic a thoirt dhut fhad 's a tha thu ga dhèanamh a-mach. Cleachd duilleag-chùil na h-irise seo gus ainm a' chomhairliche dhreuchdan agad a sgrìobhadh sìos agus càit am faighear iad san sgoil agad.

## AN ROBH FIOS AGAD?

Bidh teicneòlas didseatach an lùib a h-uile dreuchd a nì sinn san àm ri teachd.

Seo beagan fiosrachaidh mu theicneòlas agus mar a dh'fhaodas gnothaichean atharrachadh.

Ann an 2020, bha **còig millean obraichean** air an dèanamh le ròbotan (no 'Inntinn Fuadain' ma tha thu airson an t-ainm shònraichte aca a chleachdadh).

Tha barrachd air **trì billean dhaoine** (sin cha mhòr an dàrna leth de dh'àireamh-shluaigh an t-saoghail) a-nis air an ceangal tron eadar-lìon.

Tha teicneòlas ag atharrachadh cho luath 's gum bì **dithis às gach triùir agaibh** aig a' cheann thall a' dèanamh obraichean nach eil fiù 's ann an-dràsta!

San àm ri teachd, bidh sgilean cudromach a rèir far nach urrainn do ròbotan an dèanamh cho math 's a bhios daoine gan dèanamh. Bidh iarrtas mòr ann air **cruthachalachd, a' toirt cùram do dhaoine eile agus sgilean co-fhaireachdainn!**



### OBAIR AN AMA RI TEACHD!

Dì-chòdaich 'dreuchd an ama ri teachd' seo le bhith a' cleachdadh nan còdan a tha am falach air duilleagan na h-irise seo.



Aon fhacal

Facal a dhà

Facal a trì

Sna h-ath deich bliadhnaichean, bidh barrachd is barrachd dhinn a' cur seachad uairean a thide ag obair, ag ionnsachadh agus a' cluiche ann am fìorachd bhiortail. Bidh feum againn air daoine a chuidicheas gus na h-àitichean bhiortail seo a dhealbhadh agus a chruthachadh!



# THA AN T-ÀM ANN AIRSON TÒISEACHADH...



## My World of Work

'S e My World of Work an làrach-lìn dhreuchdan agad, a tha loma-làn de ghnìomhan, uidheaman agus stiùireadh gus do chuideachadh a thòiseachadh air slighe na dreuchd agad.

Cleachd an làrach-lìn gu cunbhalach fhad 's a tha thu a' dol tron sgoil. Mar as motha am fiosrachadh a bheir thu seachad mu do dheidhinn-sa, 's ann as fheàrr a bhios na molaidhean a gheibh thu airson dreuchdan. Tòisich air an-dràsta!



1

Clàraich a-nis gus cunntas a chruthachadh dhut fhèin aig [myworldofwork.co.uk/S1](https://myworldofwork.co.uk/S1)

2

An uair sin, cleachd an t-uidheam **Mu Mo Dheidhinn** (About Me) gus tuilleadh fhaighinn a-mach mu do dheidhinn fhèin.

## AM FEUM THU CABADAICH?

'S e an comhairliche dhreuchdan agad agus 's urrainn dhut an lorg aig:

### Mu dheidhinn Leasachadh Sgilean na h-Alba

Is sinn am buidheann sgilean nàiseanta a bhios a' toirt taic do mhuinntir is gnothachasan na h-Alba gus na sgilean aca a leasachadh agus a chur an gnìomh. Tha comhairlichean dhreuchdan againn, a tha làn teisteanichte agus fiosrach, sa h-uile àrd-sgoil ann an Alba. A bharrachd air sin, tha lìonra againn de dh'ionadan dhreuchdan air àrd-shràidean air feadh na dùthcha. Tha iad seo uile dealasach air an cuideachadh a tha a dhìth a thoirt do dhaoine airson na dreuchd a tha iad ag iarraidh. Tha sinn cuideachd ag obair le gnothachas gus na builean as fheàrr a ghabhas a libhrigeadh do mhuinntir, gnothachasan agus eaconamaidh na h-Alba.

Tha ar n-obair ann an sgoiltean ann an co-rèir ri Inbhe Foghlam Dhreuchdan, ris a' Churraicealam airson Sàr-mhathais agus ris na builean aig Leasachadh Sgioba-obrach Òg na h-Alba.

SDS-1396-May19